

## C1-5-2-1 Modal 5 Aonad 2 A bheil peata agad?

### Earrannan Èisteachd

#### Earrann 1 (1. Èist) Peataichean

- C1-5-2-2 a. Catriona: A bheil peata agad?  
Iain: Tha piseag agam.
- C1-5-2-3 b. Calum: A bheil peata agad?  
Síne: Tha each agam.  
Calum: Ò, tha e mòr!
- C1-5-2-4 c. Mòrag: A bheil peata agad?  
Daibhidh: Tha luch agam.  
Mòrag: Aagh!
- C1-5-2-5 d. Màrtainn: A bheil peata agad?  
Ealasaid: Tha iasg agam.
- C1-5-2-6 e. Cailean: A bheil peata agad?  
Màiri: Tha eun agam.
- C1-5-2-7 f. Seonag: A bheil peata aig an teaghlaich?  
Peigi: Tha cat againn. Seo e.  
Seonag: Ò, tha e snog.
- C1-5-2-8 g. Ruairidh: A bheil peata agad?  
Tòmas: Tha cuilean agam. Seall!  
Ruairidh: Ò, tha e cho beag.
- C1-5-2-9 h. Alison: A bheil peata agad?  
Seumas: Tha uan agam.
- C1-5-2-10 i. Dòmhnaill: A bheil cù agad?  
Anna: Tha cù agam. 'S e Rottweiler a th' ann. Suidh Spot!

#### C1-5-2-11 Earrann 2 (2. Èist) Tha dà iasg agam

- C1-5-2-12 a. Is mise Calum. Tha mi a' fuireach air croit. Tha dà uan agam.
- C1-5-2-13 b. Is mise Màiri. Tha dà chù agus cat agam.
- C1-5-2-14 c. Iain: A bheil peata agad, a Cheitidh?  
Cheitidh: Tha. Tha iasg, gearra-mhuc agus nathair agam.



- C1-5-2-15 d. Is mise Seumas. Tha cuilean agus each agam.
- C1-5-2-16 e. Mòrag: Dè na peataichean a th' aig Aonghas?  
Daibhidh: Tha eun, luch agus coineanach aige.
- C1-5-2-17 f. Seumas: An toigh leat peataichean, a Chatriona?  
Catriona: Ò, is toigh! Tha cù, dà chuilean agus iasg agam.

---

### **C1-5-2-18 Earrann 3 (5. Èist) Cia mheud peata a th' agad?**

- C1-5-2-19 a. Daibhidh: Cia mheud peata a th' agad, a Mhàiri?  
Màiri: Tha cat agus trì piseagan agam.
- C1-5-2-20 b. Sìne: Cia mheud cù a th' agad, a Chaluim?  
Calum: Tha trì coin agam – Rover, Moss agus Jess. Tha ceithir cuileanan aig Jess cuideachd.  
Sìne: Obh, obh! Abair coin!
- C1-5-2-21 c. Iain: A bheil luchainn agad, a Mhairéad?  
Mairead: Chan eil, ach tha gearra-mhucan againn. Tha ceithir gearra-mhucan agam.
- C1-5-2-22 d. Màrtainn: A bheil cat agad, Anndra?  
Anndra: Tha agus tha còig piseagan aice an-dràsta.
- C1-5-2-23 e. Anna: A bheil uain agad air a' chroit fhathast, a Dhòmhnaill Iain?  
Dòmhnaill Iain: Tha deich uain againn. Tha iad beag agus geal.
- C1-5-2-24 f. Fionnlagh: Cia mheud iasg a tha anns an tanca, a Mhòrag?  
Mòrag: Tha seachd èisg ann. Tha na dathan cho snog.
- C1-5-2-25 g. Seònaid: Cò tha a' seinn?  
Calum: Tha na h-eòin, Tweety, Sweety agus Trilly a' seinn.  
Seònaid: A bheil èoin agad?  
Calum: Tha. Tha trì eòin agam agus tha iad uabhasach math air seinn.
- C1-5-2-26 h. Aonghas: Tha dà each aig Iain, nach eil? Tha each dubh agus each donn aige.  
Meera: Tha trì eich aige a-nise. Tha each glas aige cuideachd.



**C1-5-2-27 Earrann 4 (6. Èist) Cait is coin**

- C1-5-2-28 a. Gille 1: A bheil peata agad, Ailein?  
 Gille 2: Tha cait agus piseagan agam.  
 Gille 1: Cia mheud?  
 Gille 1: Tha trì cait agus deich piseagan agam.
- C1-5-2-29 b. Gille: A bheil peata agad, Jackie?  
 Nighean: Tha.  
 Gille: Cia mheud peata a th' agad?  
 Nighean: Tha sia cuileanan agam.
- C1-5-2-30 c. Gille: A bheil peataichean agad, a Mhairead?  
 Nighean: Tha.  
 Gille: Cia mheud?  
 Nighean: Tha ceithir coineanaich agus seachd èisg agam.
- C1-5-2-31 d. Gille 1: Cia mheud peata a th' agad, a Chailein?  
 Gille 2: Tha còig peataichean agam. Tha dà each  
 agus trì coin agam.
- C1-5-2-32 e. Gille 1: Dè na peataichean a th' agad, a Sheòrais?  
 Gille 2: Tha dà uan agus còig eòin agam.
- C1-5-2-33 f. Gille: A bheil peata agad, a Chatriona?  
 Nighean: Tha tòrr! Tha ochd gearra-mhucan agus naoi luchain  
 agam.  
 Gille: Naoi luchainn agus ochd gearra-mhucan. Euch!



**C1-5-2-34 Earrann 5 (11. Èist) Coineanach mòr, gòrach**

- C1-5-2-35 a. Is mise Sine NicAoidh. Tha ceithir coin agam. Is fior thoigh le mo theaghach coin.
- C1-5-2-36 b. Is mise Ailean Moireach. Tha coineanach agus dà eun agam. Tha an coineanach mòr agus gòrach.
- C1-5-2-37 c. Is mise Ealasaid Nic-a-phì. Tha sia gearra-mhucan agam. Tha iad beag, reamhar agus snog!
- C1-5-2-38 d. Is mise Cailean Rothach. Tha each agam. Is toigh leam eich. Tha e àrd, donn le earball fada.
- C1-5-2-39 e. Anna: A bheil peata aig Seumas Ros?  
Fionnlagh: Tha. Tha dà chat agus ceithir piseagan aige. Tha na piseagan laghach agus èibhinn.
- C1-5-2-40 f. Aonghas: Cia mheud peata a th' agad, a Ruairidh?  
Ruairidh: Tha trì agam – cuilean, uan agus nathair.  
Aonghas: Nathair? O mo chreach! Cò ris a tha i coltach?  
Ruairidh: Tha i caol agus uaine. Is toigh leatha luchainn ...
- C1-5-2-41 g. Tracey: Dè an t-ainm a th' air do pheata, Anndra?  
Anndra: 'S e Tweety an t-ainm a th' air. 'S e eun a th' ann. Tha e buidhe, gorm is uaine. Tha e math air seinn.
- C1-5-2-42 h. Emma: A bheil peata agad, a Mhòrag?  
Mòrag: Tha trì cait agam. Tha iad beag, mì-mhodhail agus leisg. Cha toigh leam coin idir.

**C1-5-2-43 Earrann 6 (12. Èist, leugh agus bruidhinn) Beagan Dràma**

- 
- C1-5-2-44 (1) Ann am Bùth nam Peataichean  
*Ruairidh and his mum are in the pet shop when an argument develops.*  
Ruairidh : A Mham! Seall! Seall!  
Màthair : Dè th' ann?  
Ruairidh: Seall air na piseagan agus na cuileanan! Tha iad cho snog.  
Màthair: Ò, tha iad snog gu dearbh, a Ruairidh!  
Ruairidh: Ò, a Mham, tha mi ag iarraidh\* piseag! Tha mi ag iarraidh piseag.  
Màthair: A Ruairidh, tha dà chat, deich èisg, sia luchainn agus gearra-

mhuc agad!

Ruairidh: Ach, a Mham, tha mi ag iarraidh piseag! Am faod mi?  
Am faod mi?

Màthair: Chan fhaod. Nise, bi sàmhach!

*Ruairidh starts to shout and stamp his feet.*

Ruairidh: Ach, a Mham! Tha ... mi ... ag ... iarraidh ... piseag!

Màthair: A Ruairidh, bi modhail an-dràsta!

Ruairidh: Ach carson, a mhamaidh? Mas e ur toil e...

*Ruairidh's mum is very cross with him now.*

Màthair: A Ruairidh, sguir dheth sa mhionaid!\*\* Bi modhail! Tha thu ann am bùth.

Ruairidh: Tha sibh crosta agus cha toigh leam sibh idir.

Màthair: Ceart! Sin e! Tha thu cho mì-mhodhail. Mach à seo sa mhionaid! Tha thu a' dol dhachaigh.

*Ruairidh's mum marches him out of the shop.*

\* ag iarraidh want

\*\*sa mhionaid this minute

---

### C1-5-2-45 Earrann 7 (12. Èist, leugh agus bruidhinn) Beagan Dràma

C1-5-2-46 (2) Rusty agus Fluffy

*Ceit has invited her new school friend, Màiri round after school. Ceit's family have pets but poor Màiri isn't too keen on animals.*

*There's a knock at the door. Ceit goes to the door accompanied by her dog Rusty. He's very eager to see who is there!*

Ceit: Cò tha sin, Rusty? Trobadh! (going to the door) Hai, a Mhàiri!  
Thig a-staigh! Seo mo chù, Rusty.

*Rusty is desperate to say hello.*

Rusty: Ruf! Ruf! Ruf!

Màiri: Ò ... eh ... hallò, Rusty!

*Màiri stays put on the doorstep, unsure of Rusty.*

Màiri: Cha toigh leam coin.

Ceit: Thig a-staigh! Tha Rusty laghach.

Rusty: Ruf! Ruf!



- Màiri: Ach, tha e uabhasach mòr.  
 Ceit: Tha, ach chan eil e crosta idir. Na bi gòrach! Thig a-staigh!  
 Màiri: Ceart gu leòr.
- Màiri steps inside and is almost knocked over as Rusty jumps up to say hello.*
- Màiri: Aargh! Cuidich mi!  
 Ceit: Sìos, Rusty! Sìos! Bi modhail! Rusty! Suidh!
- Rusty does as he's told.*
- Rusty: Ruf!  
 Ceit: Sin thu, Rusty. Cuir dhìot do sheacaid, a Mhàiri! Cuir sìos do bhaga an sin!
- Màiri leaves her jacket and school bag in the hall and the girls go up to Ceit's room. Màiri sits down on Ceit's bed, relieved that Rusty is down stairs, when suddenly...*
- Màiri: Aargh!  
 Ceit: Dè? Dè th' ann?  
 Màiri: 'S e cat a th' ann. Cha toigh leam cait idir, idir!  
 Ceit: Sin Fluffy. Tha i laghach. (Ceit pats Fluffy.) Seall! Tha i laghach. Hallò, Fluffy bheag!  
 Fluffy: Miao! Prrr ...
- Màiri decides to be brave and pat Fluffy. Fluffy scratches Màiri.*
- Màiri: Aobh!  
 Ceit: Fluffy! Bi modhail! Chan eil sin laghach idir, Fluffy!  
 Fluffy: Miao!  
 Ceit: A bheil thu ceart gu leòr, a Mhàiri?  
 Màiri: Chan eil!
- Ceit decides to take Màiri downstairs for a snack. Rusty is busy chewing his way through Màiri's school bag.*
- Ceit: Rusty! Dè tha thu a' dèanamh? Sguir dheth sin sa mhionaid!  
 Màiri: Obh, obh! Mo bhaga!  
 Ceit: Ò, tha mi duilich, a Mhàiri. Rusty, bha sin dona. A Mhàiri, dè bha nad bhaga?  
 Màiri: Bha mo leabhraichean, mo sporan agus seòclaid ann.  
 Ceit: Ò, sin e. Seòclaid. Is toigh le Rusty seòclaid.  
 Màiri: Huh! Is toigh leamsa seòclaid cuideachd! Ach cha toigh leam Rusty agus cha toigh leam Fluffy! Tha do pheataichean grod, a Cheit. Tha mise a' dol dhachaigh.



*Màiri storms out.*

Ceit:                    Ò, Rusty!

Rusty:                 Ruf!

### **C1-5-2-47 Earrann 8 (Sùil air ais 6) Splios agus Splais**

- C1-5-2-48 a. Is mise Dòmhnull Greumach.
- C1-5-2-49 b. Tha mi a' fuireach faisg air Obar Pheallaidh.
- C1-5-2-50 c. Tha ceithir peataichean agam.
- C1-5-2-51 d. Tha cù agam, Molly. Tha i trì-deug ach tha i laghach.
- C1-5-2-52 e. Tha i ruadh. Tha cluasan fada oirre. Chan eil i math air ruith idir.
- C1-5-2-53 f. Tha dà iasg agam cuideachd, Splios agus Splais. Chan eil iad uabhasach inntinneach ach tha iad snog.
- C1-5-2-54 g. Tha piseag dhubb agam – Ozzy. Is toigh leam cait.
- C1-5-2-55 h. Tha Ozzy beag le earball fada. Tha e mì-mhodhail ach tha e èibhinn.

### **C1-5-2-56 Earrann 9 (Sùil air ais 7) Òrain**

Bha croit bheag, shnog aig Dòmhnull Bàn  
(air fonn: *Old MacDonald had a farm*)

Bha croit bheag, shnog aig Dòmhnull Bàn, i-ai-i-ai-o.  
Is air a' chroit bha piseag dhubb, i-ai-i-ai-o.  
Le miao an siud is miao an seo, miao an siud, miao an seo,  
miao air feadh an àit'.  
Bha croit bheag, shnog aig Dòmhnull Bàn, i-ai-i-ai-o.

Bha croit bheag, shnog aig Dòmhnull Bàn, i-ai-i-ai-o.  
Is air a' chroit bha cuilean donn, i-ai-i-ai-o.  
Le ruf an siud is ruf an seo, ruf an siud, ruf an seo,  
ruf air feadh an àit'.  
Bha croit bheag shnog aig Dòmhnull Bàn, i-ai-i-ai-o.



Bha croit bheag, shnog aig Dòmhnull Bàn, i-ai-i-ai-o.

Is air a' chroit bha cearc bheag, bhreac, i-ai-i-ai-o.

Le gog an siud is gog an seo, gog an siud, gog an seo,  
gog air feadh an àit'.

Bha croit bheag, shnog aig Dòmhnull Bàn, i-ai-i-ai-o.

Bha croit bheag, shnog aig Dòmhnull Bàn, i-ai-i-ai-o.

Is air a' chroit bha uan geal, i-ai-i-ai-o.

Le bàa an siud is bàa an seo, bàa an siud, bàa an seo,  
bàa air feadh an àit'.

Bha croit bheag, shnog aig Dòmhnull Bàn, i-ai-i-ai-o.

Bha croit bheag, shnog aig Dòmhnull Bàn, i-ai-i-ai-o.

Is air a' chroit bha each mòr ruadh, i-ai-i-ai-o.

Le nèigh an siud is nèigh an seo, nèigh an siud, nèigh an seo  
nèigh air feadh an àit'.

Bha croit bheag, shnog aig Dòmhnull Bàn, i-ai-i-ai-o.

Bha croit bheag, shnog aig Dòmhnull Bàn, i-ai-i-ai-o.

Is air a' chroit bha luch bheag, ghlas, i-ai-i-ai-o.

Le biog an siud is biog an seo, biog an siud, biog an seo,  
biog air feadh an àit'.

Bha croit bheag, shnog aig Dòmhnull Bàn, i-ai-i-ai-o.

---

### C1-5-2-57 Earrann 10 An Teaghlaich

(air fonn: Làrach do thacaidean)

Seo Calum, m' athair is Mòrag mo mhàthair,  
Ceitidh mo phiuthar is Anndra mo bhràthair.



I ud ud eatharam, i ud, ud amhram,  
I ud ud eatharam, mo sheanair is mo sheanmhair.

Tha cù mòr aig m' athair is cat aig mo mhàthair,  
Each aig mo phiuthar is nathair aig mo bhràthair.

I ud ud eatharam, i ud, ud amhram,  
I ud ud eatharam, 's toigh leam fhìn mo pheataichean.

Tha m' athair cho laghach, 's mo mhàthair cho crosta,  
Mo bhràthair cho èibhinn 's mo phiuthar cho gòrach.

I ud ud eatharam, i ud, ud amhram,  
I ud ud eatharam, siud an teaghach agamsa. (x2)

---

### C1-5-2-58 Earrann 11 (Ceum a bharrachd 4 Èist)

- C1-5-2-59     a. Is mise Iain MacRath. Seo m' athair, mo phiuthar agus mo bhràthair.  
Tha mo bhràthair èibhinn. Tha trì coin agam. Tha iad ag obair air a' chroit.
- C1-5-2-60     b. Is mise Ealasaid NicDhòmhnaill. Tha mi a' fuireach còmhla ri mo mhàthair. Chan eil piuthar no bràthair agam. Tha mo mhàthair laghach. Tha gearra-mhuc agam. Tha i beag agus donn.
- C1-5-2-61     c. Is mise Calum Ros. Seo m' athair. 'S e tidsear a th' ann. Tha dà phiuthar agam. Tha èisg agam agus tha cuilean aig mo pheathraighean. Tha an cuilean mì-mhodhail.
- C1-5-2-62     d. Emma Nic an Tòisich an seo. Anns an teaghach, tha m' athair, mo mhàthair, dà bhràthair, trì peathraighean agus mo sheanair. Tha mo sheanair crosta. Chan eil peata agam ach tha mi ag iarraidh each.
- C1-5-2-63     e. Is mise Seòras Moireach. Tha mi a' fuireach còmhla ri mo mhàthair agus mo leas-athair. Tha leas-phiuthar agam. Cha toigh leam i – tha i gòrach. Tha coineanach agam – Flopsy. Tha earball beag agus cluasan fada air.
- C1-5-2-64     f. Hallò. Is mise Anna NicEathain. Seo mo mhàthair. 'S e càcraig a th' innte. Tha trì bràithrean agam. Tha mi sgìth dhiubh. Tha luchainn aig mo bhràithrean. Tha gràin agam air luchainn.

